



# TABHARTASAN FOGHLAM NAN TRÀTH-BHLIADHNAICHEAN

## EARLY YEARS EDUCATION GRANTS

**2018-2019**

### Stiùireadh 2018-19

#### Cùl-fhiosrachadh

Chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh mar thoradh air Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus tha an Achd ag ainmeachadh prìomh uallaichean a' Bhùird.

Chaidh sgeama Tabhartasan Foghlam nan Tràth-Bhliadhnaichean a stèidheachadh airson buidhnean coimhearsnachd a chuideachadh le bhith cur phròiseactan an gnìomh a bhios a' cur ri prìomhachasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig, gu h-àraidh co-cheangailte ris an Dachaigh is na Tràth-Bhliadhnaichean.

'S e prìomh amas a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23, gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean. Tha am Plana a' comharrachadh 3 prìomh raointean leasachaidh a tha nam prìomhachas don Ghàidhlig, mar a leanas:-

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig
- A' cur deagh ìomhaigh na Gàidhlig air adhart

Tha lethbhreac eileagtronaigeach den Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig ri fhaotainn air làrach-lìn a' Bhùird [www.gaidhlig.scot](http://www.gaidhlig.scot) agus tha e fìor chudromach gun cuir luchd-iarrtais eòlas air a' Phlana mus cuir iad iarrtas a-steach airson nan tabhartasan seo.

### 2018-19 Guidelines

#### Background

Bòrd na Gàidhlig was established under the powers of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, which also outlines the Bòrd's key statutory functions.

The Early Years Education Grants were established to help community groups to undertake projects in support of the National Gaelic Language Plan's priorities, particularly those relating to Home and Early Years Education.

The central purpose of The National Gaelic Language Plan 2018-23 is to encourage and enable more people to use Gaelic more often and in a wider range of situations. The Plan identifies 3 priority development areas which are of priority for Gaelic, as follows:-

- Increasing the use of Gaelic
- Increasing the learning of Gaelic
- Promoting a positive image of Gaelic

An electronic version of the National Gaelic Language Plan is available on the Bòrd na Gàidhlig website [www.gaidhlig.scot](http://www.gaidhlig.scot) and it is vital that applicants familiarise themselves with this Plan prior to submitting an application for a grant.

## **Tabhartasan Foghlam nan Tràth-Bhliadhnaichean**

Tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt cothrom do bhuidhnean saor-thoileach a tha ag obair aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean (aois 0-5) cur a-steach airson taic-airgid airson pròiseactan a bhios a' brosnachadh agus a' toirt air adhart mar a bhios daoine a' togail is a' cleachdadh Gàidhlig sa teaghlach, na tràth ìrean agus a' choimhearsnachd, sa tha cumail taic ri amasan Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 3.

### **A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig**

Iomairtean a bhios a' brosnachadh dhaoine gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig sna dachaighean is coimhearsnachdan aca

Iomairtean a bhios a' brosnachadh dhaoine òga gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig

Iomairtean a neartaicheas beairteas, buntainneas is cunbhalachd a' chàin

### **A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig**

Gàidhlig san teaghlach

Gàidhlig ann a tràth-ionnsachadh is Cùram chloinne (TCC)

### **A' cur deagh ìomhaigh na Gàidhlig air adhart**

A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig agus a' togail aire don chànan anns na tràth ìrean

Teachdaireachdan taiceil is brosnachail mun Ghàidhlig, dà-chànanas, agus mu iomadachd is inghabhail

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu na prìomhachasan seo sa Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23 air làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig [www.gaidhlig.scot](http://www.gaidhlig.scot)

## **Early Years Education Grants**

Bòrd na Gàidhlig is offering voluntary early years groups (ages 0-5) the opportunity to apply for funding for initiatives which will encourage and increase the learning and use of Gaelic within families, early years and communities, and supports the objectives of The National Gaelic Language Plan 3 .

### **Increasing the use of Gaelic**

Initiatives which promote the use of Gaelic in homes and communities

Initiatives which promote the use of Gaelic by young people

Initiatives which strengthen language richness, relevance and consistency

### **Increasing the learning of Gaelic**

Gaelic in the family

Gaelic in Early Learning and childcare (ELC)

### **Promoting a positive image of Gaelic**

Promoting a positive image of Gaelic and raising awareness in Gaelic Early Years

Promotion of positive messages about Gaelic, Bilingualism and diversity and inclusion

More detail on each of these priority areas is given in the National Gaelic Language Plan 2018-23 and can be found on Bòrd na Gàidhlig website at [www.gaidhlig.scot](http://www.gaidhlig.scot)

## Cò dh'fhaodas iarrtas a chur a-steach?

Tha sgeama Tabhartasan Foghlam nan Tràth-Bhliadhnaichean air a dhealbhadh gus am bi e a' freagairt air buidhnean thràth-bhliadhnaichean saor-thoileach a tha a' toirt taic do phàrantan, teaghlàichean is clann aois 0-5, agus tha e na amas don sgeama cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh 's a leudachadh, agus daoine a bhrosnachadh gu bhith cur an cuid chloinne gu foghlam Gàidhlig sa bhun-sgoil.

Tha e cudromach gum bi iarrtas sam bith a' dearbhadh gu bheil am pròiseact fosgailte do, agus gu buannachd na coimhearsnachd air fad.

Cha ghabhar ri iarrtasan bho dhaoine fa leth airson sgeama Tabhartasan Foghlam nan Tràth-Bhliadhnaichean.

## Ag ullachadh iarrtas

Bu chòir do luchd-iarrtais bruidhinn rinn cho luath 's as urrainn ma tha ceistean sam bith aca mu dheidhinn a' phròiseict aca. An uair sin, bu chòir do luchd-iarrtais am Foirm-iarrtais a lìonadh agus a chur gu Bòrd na Gàidhlig, cuide ri pàipearan-taice riatanach eile. Feumaidh cunntas-banca a bhith aig buidhnean nuair a tha iad a' cur an iarrtais aca a-steach.

Cha ghabhar ri ach **aon iarrtas a-mhàin** bho gach buidheann. Ma tha neach-iarrtais a' lorg taic airson barrachd air aon phìos obrach, bu chòir fios mu na pìosan obrach sin a chur a-steach còmhla ann an **aon foirm-iarrtais**.

Faodar iarrtas a chur a-steach airson suas ri **£5,000** uile-gu-lèir ach **chan fhaodar sùim iarraidh a tha nas àirde na 80%** de chosgais iomlan a' phròiseict. Faodaidh pròiseactan a tha a' tabhann barrachd air trì seiseanan gach seachdain, agus gu h-araidh an fheadhainn a tha a' tabhann sheirbhisean airson clann aois 2-3 bliadhna, tuilleadh maoineachaidh iarraidh airson cuideachadh le cosgaisean luchd-obrach.

Feumar taic-airgid a gheibhear a chosg air pròiseactan **ro 29 Ògmhios 2019**.

Bu chòir do luchd-iarrtais dèanamh cinnteach nach eil sgath den teachd-a-steach eile aca airson a' phròiseict a' tighinn bho sgeama maoineachaidh eile aig Bòrd na Gàidhlig.

Thèid gach iarrtas a mheasadh a rèir prìomhachasan an sgeama, an seòrsa buidhne a tha cur iarrtas a-steach, dè cho comasach 's a tha am pròiseact air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig àrdachadh, luach airson airgid, agus dè cho comasach 's a tha a' bhuidheann air am pròiseact a choileanadh gu

## Who can apply?

The Early Years Education Grants are specifically designed to be as accessible as possible to voluntary early years groups that support parents, families and children aged 0-5 years, to encourage and increase the day-to-day use of Gaelic, and to encourage continuity into Gaelic education.

It is important that any application clearly demonstrates that the project is open to, and for the benefit of the whole community.

The Early Years Education Grants scheme is not open to applications from individuals.

## Making an application

Applicants should contact us as soon as possible if they have any questions about their project. Thereafter, applicants should complete the Application Form and submit it to Bòrd na Gàidhlig, along with other necessary supporting documents. It is essential that all applicant organisations have an active bank account at the time of applying.

Only **one application** will be accepted per organisation. If an applicant is seeking funding for more than one activity, this should be submitted together on **one application form**.

Applications can be made for up to a maximum of **£5,000** and **no more than 80%** of the total project costs. Projects offering more than three sessions per week, and specifically those groups supporting 2-3 years sessions, can request additional funding to help with costs of employing Gaelic Early Years Staff.

Funding awarded must be spent on projects **by 29<sup>th</sup> June 2019**.

Applicants should ensure that no other part of the income for their proposed project is being received through another Bòrd na Gàidhlig funding scheme.

Each application will be assessed against the scheme's priorities, the type of organisation, the project's capacity to increase the number of Gaelic speakers, value for money, and the organisation's capacity to deliver the project successfully.

**Feumaidh buidhnean, a tha cur a-steach airson pàigheadh airson stiùiriche-cluiche, dèanamh cinnteach gu bheil an stiùiriche-cluiche fileanta anns a' Ghàidhlig agus gu bheil seiseanan air an ruith tro mheadhan na Gàidhlig.**

Cha phàigh sinn barrachd air £10 anns an uair airson tuarastalan nan stiùirichean-cluiche aig na buidhnean.

Cha toir sinn taic-airgid do bhuidhnean airson na leanas: a' ceannach biadh agus cuairtean aig nach eil ceangal ris a' Ghàidhlig, pàrtaidhean agus tiodhlacan.

Bu chòir do bhuidhnean iarrtasan a chur a-steach airson tabhartasan bho bhuidhnean-carthannais agus a bhith togail airgead anns na coimhearsnachdan aca airson cuideachadh leis na cosgaisean ruith aca.

### **Ceann-latha airson iarrtasan**

Bu chòir iarrtas a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig cho luath 's as urrainn agus gun a bhith nas anmoiche na **5f air Dihaoine 29mh den Ògmhios 2018**. Cha ghabh Bòrd na Gàidhlig ri iarrtasan a thig a-steach an dèidh sin.

### **Dè bhios a' tachairt an dèidh dhomh iarrtas a chur a-steach?**

Thèid freagairt a chur gu gach neach-iarrtais gus dearbhadh gun d' fhuair Bòrd na Gàidhlig an t-iarrtas aca.

Tha sinn ag amas air fios a chur gu gach neach-iarrtais mun cho-dhùnadh a thaobh an iarrtais aca ron 28mh an t-Sultain 2018.

Ma dh'aontaichear ri iarrtas maoineachaidh, thèid litir-tairgse a chur chun an neach-iarrtais, a bhios a' mìneachadh na h-ìre maoineachaidh ris an deach aontachadh agus na cumhaichean fo am bi am maoineachadh air a phàigheadh. Feumaidh gach neach-iarrtais soirbheachail ainm a chur ris an litir-tairgse aca agus a tilleadh gu Bòrd na Gàidhlig taobh a-staigh mìos. Feumar cuideachd ceann-latha tòiseachaidh a' phròiseict a dhearbhadh agus fiosrachadh a chur thugainn mu chunntas-banca na buidhne.

**Groups who are applying for payment of a play leader must ensure that the play leader is fluent in Gaelic and able to deliver all aspects of the session through the medium of Gaelic.**

We will not pay more than £10 per hour for play leaders in the groups.

We will not fund the group to provide the following: snacks and trips that are not Gaelic related, parties and gifts.

Groups should be applying for grant funding from charities and raising funds in their local communities to help with running costs of groups.

### **Closing Date for Applications**

Funding applications should be submitted to Bòrd na Gàidhlig as soon as possible but no later than **5pm on Friday 29th June 2018**. Bòrd na Gàidhlig will not accept applications which are received after that time.

### **What happens after an application is submitted?**

All applicants will receive an acknowledgement to confirm that Bòrd na Gàidhlig received their application.

We aim to inform all applicants of the decision on their application by **28th September 2018**.

If a funding application is approved, a letter of offer will be sent to the applicant which will explain the level of funding agreed and the conditions under which the funding will be paid. We will then require all successful applicants to return their signed letter of offer to Bòrd na Gàidhlig within one month. It will also be necessary to confirm the start date of the project along with the details of the organisation's bank account.

## Ciamar a thèid am fiosrachadh agam a chleachdadh?

Gheibhear mìneachadh air mar a chleachdas Bòrd na Gàidhlig an dàta pearsanta agaibh san Fhiosrachadh mu Phrìobhaideachd an seo:

[http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2017/02/Fiosrachadh-mu-Phrìobhaideachd\\_Privacy-Info.pdf](http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2017/02/Fiosrachadh-mu-Phrìobhaideachd_Privacy-Info.pdf)

Bu mhath leinn fiosrachadh a chur thugaibh a' moladh thachartasan is iomairtean a dh'fhaodadh ur cuideachadh le bhith a' ruith na buidhne agaibh, a' gabhail a-steach fiosrachadh air sgeamaichean maoinachaidh ùra agus pròiseactan is iomairtean iomchaidh eile.

Cuimhnichibh gum feum sinn ur cead gus am fiosrachadh seo a chur thugaibh – nam bu thoigh leibh fhaighinn, feuch gun cuir sibh striochag sa bhogsa fhreagarrach air an fhoirm-iarrtais. Chan eil am fiosrachadh seo mar phàirt den phròiseas gus co-dhùnaidhean a dhèanamh a thaobh maoinachaidh agus faodaidh sibh roghnachadh gun fhaighinn uair sam bith.

Mura h-eil sibh cinnteach am biodh am fiosrachadh feumail dhuibh, faodaidh sibh bruidhinn ri \*Oifigear Thabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean\* agaibh.

### Tuilleadh fiosrachaidh

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Bòrd na Gàidhlig le bhith cur fios gu:

**Bòrd na Gàidhlig**  
**Taigh a' Ghlinne Mhòir / Great Glen House**  
**Rathad na Leacainn / Leachkin Road**  
**Inbhir Nis / Inverness**  
**IV3 8NW**

**Fòn / Phone:** 01463 225454  
**Post-d / Email:** tabhartas@gaidhlig.scot  
**Làrach-lìn / Website:** [www.gaidhlig.scot](http://www.gaidhlig.scot)

## How will my information be used?

Information about how Bòrd na Gàidhlig will use your personal data is provided in the privacy notice available from:

[http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2017/02/Fiosrachadh-mu-Phrìobhaideachd\\_Privacy-Info.pdf](http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2017/02/Fiosrachadh-mu-Phrìobhaideachd_Privacy-Info.pdf)

We would like to send you information promoting events that will help you manage your playgroup, including information about future funding schemes and other relevant projects and initiatives.

Please note that we require consent to send this information to you – if you would like to receive it, please tick the relevant box on the application form. This information does not form part of the funding decision process and you may withdraw your consent at any time.

If you are not sure whether this information is relevant to you, please speak to your \*Early Years Grants Officer\*.

### Further information

Further information can be obtained by contacting Bòrd na Gàidhlig as detailed below:-